

# Ceòl Fhinn

Fad: 5.31

*Sgeulaiche: Seòras Mac a' Phearsain*

*Tùs: Air a chlàradh (Beurla) ann an Gleann Dail air 15.07.19*

*Air a dheasachadh le Ruairidh MacIlleathain*

B' e Fionn ceannard nam Fianna. Bha e a' còrdadh gu mòr ris na Fianna a bhith a' falbh a-mach a shealg air a' bheinn-sheilg. Bha Oisean, mac Fhinn, dèidheil air sealg cuideachd, ach b' fheàrr leis a bhith ri sgrìobhadh bàrdachd – bàrdachd a bheireadh ceòl dha inntinn. Bhiodh e a' sgrìobhadh nam briathran, a' cur ceòl riutha agus an uair sin bhiodh e a' gabhail an òrain. Gu math tric, dhèanadh e sin, agus e na shuidhe air cliathaich beinne faisg air Sligeachan anns an Eilean Sgitheanach.

Latha a bha seo, bha Fionn agus na Fianna eile a' falbh a shealg anns a' Chuiltheann.<sup>1</sup> Bha dùil aca gum biodh deagh spòrs aca. Ach cha robh Oisean ann an sunnd airson sealg. Bha e ann an sunnd mheòrachail. Thàinig Fionn thuige agus thuirt e ris, 'Oisein, thig cuide rinn – bidh latha air leth math againn.'

'Cha tig,' fhreagair Oisean. 'B' fheàrr leam fuireach an seo leis na smuaintean agam fhìn.'

Ghabh Fionn ris gum falbh iad às aonais Oisein, agus bha fìor dheagh latha seilg aca. Nuair a thill iad, bha Oisean fhathast na shuidhe air cliathaich na beinne far an do dh'fhàg iad e, agus thuirt Fionn ris, 'O, Oisein, chaill thu an latha seilg a b' fheàrr a bh' againn o chionn bhliadhnaichean. Carson nach tàinig thu cuide rinn?'

Thug Oisean sùil air athair agus thuirt e ris, 'Uill, nam biodh ceòl annaibh, nam biodh ceòl sam bith nur n-anam, bhiodh fios agaibh – nuair a tha duine fo bhuaidh rudeigin, gun fheum e a mhiann a shàsachadh. Feumaidh e a cheòl a leantainn. Ach chan eil ceòl annaibh, is mar sin, cha tuig sibh gnothaichean mar sin.'

Cha robh Fionn toilichte. Thug e sùil air Oisean agus thuirt e, 'Tha ceòl annam nach cuala tu, oir 's e mo cheòl-sa an ceòl as fheàrr san t-saoghal.'

Fhreagair Oisean, 'O, aidh, chanadh sibh sin an-dràsta, ach 's e an fhìrinn a th' ann nach eil ceòl annaibh.'

'Uill,' arsa Fionn, 'thig thus' airson èisteachd ris a' cheòl agam nuair a dh'iarras mi ort. Agus an uair sin, bidh thu ag aideachadh gur e an ceòl agamsa an ceòl as fheàrr san t-saoghal.'

Rinn Oisean gàire agus choisich Fionn air falbh. Chaidh e gu creag àrd os cionn na

mara ris an canar an-diugh Creag an Fhèilidh.<sup>2</sup> An sin, ghabh e grèim air cuid de na colbhan cloiche a bh' air a' chreig, agus chuir e fo achlais iad. Chaidh e a-null a dh'eilean eile leotha. Choisich e tarsainn na mara agus tarsainn nan eilean gus an do ràinig e an t-eilean beag a bha e a' lorg.

Nuair a ràinig e an t-eilean, leig e am bad cholbhan-cloiche a bh' aige don mhuir ri taobh cladach an eilein. Chuir e corragan a làimhe a-steach gu sgoltadh sa chreig a bha a' ruith gu còmhnard tarsainn an eilein. Tharraing e mullach an eilein suas le a chorragan mar gun robh e a' toirt mullach far paidh. Thog e fear de na colbhan a thug e leis bhon mhuir agus chuir e ann e airson mullach an eilein a chumail suas.

Rinn e sin air feadh an eilein le colbhan de chaochladh meud. Mura robh colbh a thog e dhen fhad a bha a dhìth, bhiodh e ga bhriseadh gus an robh e dìreach ceart. Mu dheireadh, lìnig e taobh a-staigh an eilein le colbhan. Bha aon uamh mhòr ann le colbhan timcheall an taobh a-staigh dhith.

Nuair a thàinig an làn a-steach, bha fuaimean beaga ann an toiseach – gliogadaich a bh' ann. Mar a bha an lìonadh<sup>3</sup> a' dol air adhart, dh'fhàs am fuaim na bu mhotha is na bu làidire gus, mu dheireadh, bha e coltach ri orcastra – ceòl, gu dearbh, de sheòrsa nach cualas riamh roimhe.

Thill Fionn an uair sin gu far an robh Oisean, agus thuirt e ris, 'Nise, thig is èist ris a' cheòl agam.' Chaidh Oisean agus feadhainn eile de na Fianna cuide ri Fionn don eilean.<sup>1</sup> Agus thuirt Fionn, 'Nise, èistibh!'

Bha muir-tràigh ann agus b' fheudar dhaibh feitheamh greis. Leis an làn, chuala iad ceòl binn. Mar a bha an lìonadh a' dol air adhart, dh'fhàs an ceòl na bu làidire gus an do ràinig e àirde caithreim a bha iongantach. Agus thuirt Fionn ri Oisean, 'Nise, sin an ceòl agamsa.'

Agus thuirt Oisean, 'Uill, 's e an ceòl as fheàrr anns an t-saoghal air fad a th' ann, le cinnt, oir 's e ceòl nàdair a th' ann.'<sup>4</sup>

### Ainm na sgeulachd ann am Beurla: Fionn's Music

#### Notaichean:

Fhuair Seòras an sgeulachd seo bho a sheanair. Buinidh i an dà chuid do Mhuile agus Àird nam Murchan.

1. Beanntan biorach anns an Eilean Sgitheanach.

2. *Kilt Rock* anns an Taobh Sear (Stafainn).

3. *Flooding of the tide*.

4. 'S e an t-eilean – Stafa. 'S e a' chreag far an deach na colbhan fhàgail 'Am Buachaille. Canar 'An Uamh Bhinn' ris an uaimh mhòir ann agus tha na h-uamhan eile ann far an do chuir Fionn a chorragan a-steach. Bhiodh Seòras a' crìochnachadh an stòiridh le '*for it is the music of all nature*'.